

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUMAIL TAIC RI PRÒISEACTAN COIMHEARSNACHD

14 An Cèitean 2009

Tha Bòrd na Gàidhlig air stòras a tha a' maoinachadh pròiseictan coimhearsnachd, Taic Freumhan Coimhearsnachd, a tha a' cumail taic ri gluasadan a tha a' neartachadh cumail suas agus cleachdadh na Gàidhlig agus a' cuideachadh a' libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, fhoillseachadh.

Tha am Bòrd, a' phrìomh bhuidheann poblach le uallach airson leasachadh na Gàidhlig, air £100,000 a chur ris an stòras airson 2009, a bharrachd air an £190,000 a chaidh a chumail ri cùisean a tha a' dol air adhart bhon uiridh.

Tha maoin Taic Freumhan Coimhearsnachd ri fhaotainn gach bliadhnathairis air na trì bliadhna a tha romhainn gus taic a chur ri iomairtean coimhearsnachd tro leithid bhuidhnean coimhearsnachd, buidhnean saor-thoileach, gnothachasan beaga agus buidhnean eile a tha airson gnìomhachdan bunaiteach sa' Ghàidhlig a chur air adhart anns na coimhearsnachdan fhèin, no tro lionraidhean.

Thuir Rosemary Nic a' Bhàird, Àrd-Oifigear eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig: "Tha an dòigh anns a bheil sinn ag amas air leasachaidhean coimhearsnachd air leth cudromach ann a bhith a' neartachadh cor na Gàidhlig agus a' cruthachadh cothroman cleachdaidh. Tha seo fìor chudromach ann a bhith a' cumail taic ris an dòigh anns a bheil sinn a' libhrigeadh a' Phlana Nàiseanta. Tha an taic seo ri fhaotainn ann an coimhearsnachdan a-mach bho na crìochan a chaidh a chomharrachadh mar tha airson taic fa-leth tro iomairtean Cànain, agus tha fiughar againn cluinntinn bho bho bhuidhnean ann an sgìrean far a bheil a' Ghàidhlig gu math làidir agus cuideachd coimhearsnachdan far a bheil sinn a' faicinn, no a' sùileachadh fàs."

Chuir am Ministear airson na Gàidhlig Micheal Russell BPA fàilte air taic a' Bhùird do na h-iomairtean coimhearsnachd. Thuir e: "Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh Gàidhlig a dhèanamh tèarainte agus soirbheachail san àm ri teachd ann an Alba, agus tha leigeil a' mhaoineachaidh seo mach le Bòrd na Gàidhlig na cheum eile a dh'ionnsaigh an amais sin a choileanadh. Tha taic do phròiseictan coimhearsnachd fìor dheatamach agus tha am prògram seo, thar nan trì bliadhna a tha romhainn gu bhith a' cumail taic ri gnothaichean

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



nach robh sdòcha air a dhol air adhart, agus a’ toirt taic do chùisean eile a tha stèidhichte mar tha.”

Beachdaichidh Bòrd na Gàidhlig air iarrtasan maoineachaidh suas gu luach £5,000 airson gach pròiseact. Tha maoin *Taic Freumhan Coimhearsnachd* a-nis fosgailte airson iarrtasan agus dùinidh sin air 12 Ògmhios, 2009

Thuir Rosemary Nic a’ Bhàird: “Tha am Bòrd air leth toilichte le mar chaidh le Taic Freumhan Coimhearsnachd aig toiseach gnothaich an uiridh. Fhuair grunn phròiseictan inntinneach taic airgid agus tha cuid dhen fheadhainn sin air an taic fhaighinn thar trì bliadhna. Tha a bhith a’ cumail taic ri cùisean ann an coimhearsnachdan na Gàidhlig air leth cudromach ma tha a’ dol a shoirbheachadh leinn a’ leasachadh na Gàidhlig agus ma tha sinn a’ dol a chumail ri fàs anns na h-àireamhan againn. Faodaidh pròiseactan anns na coimhearsnachdan diofar mòr a dhèanamh glè thric eadar an cànan a bhith air a chleachdadh no air a chall, agus chaidh an sgeama seo a chur air bhonn airson coimhearsnachdan a bhrosnachadh gus pròiseactan ùr-ghnàthach a dhealbh aig am biodh buaidh seasmhach air a’ Ghàidhlig anns na sgìrean ionadail.”

Tha tuilleadh fiosrachaidh agus foirmean iarrtais airson Taic Freumhan Coimhearsnachd rim faotainn bho Bhòrd na Gàidhlig air 01463 225454, no le post-d gu [tabhartas@bng.org.uk](mailto:tabhartas@bng.org.uk) no air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aig <http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk/freumhan.html>  
**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu ghnòthach sam bith an luib an naidheachd seo, cuiribh fòs gu Ùisdean MacIllInnein air 0751 528 7040.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## BÒRD NA GÀIDHLIG FUNDING FOR COMMUNITY PROJECTS

14 May 2009

Bòrd na Gàidhlig has launched its annual Challenge Fund for community projects Taic Freumhan Coimhearsnachd, aimed at supporting community-based initiatives that seek to strengthen the acquisition and use of Gaelic and support the delivery of the National Plan for Gaelic.

The Bòrd, the principal Gaelic agency responsible for developing Gaelic, has allocated £100,000 to the 2009 fund, in addition to £190,000 allocated to projects continuing from last year.

Taic Freumhan Coimhearsnachd is part of a three-year programme and applications are now being invited from community organisations, voluntary groups, small businesses and other organisations seeking to promote grass root Gaelic language activities in communities or networks.

Rosemary Ward, Acting Chief Executive of the Bòrd said: “The Bòrd’s focus on a community-based approach to strengthening and extending the language is key to supporting the delivery of the National Plan for Gaelic. This is a national project and we are inviting communities and networks throughout Scotland to apply for support. This assistance is available to communities beyond those which have already been identified for support through the Iomairtean Cànan (Language Initiatives) and we look forward to hearing from organisations in areas where Gaelic is well established, and from other communities where it is growing”

The Bòrd’s support for the community programme has been welcomed by Michael Russell MSP, Minister for Gaelic. He said: “The Scottish Government is committed to securing a sustainable and successful future for Gaelic in Scotland and the release of this funding to Bòrd na Gàidhlig is yet another step towards achieving that goal. Support for community based initiatives is vital and this three-year programme will enable a number of community projects to be established, which might otherwise not have happened.”

Bòrd na Gàidhlig will consider funding requests up to the value of £5,000 per project.

The *Taic Freumhan Coimhearsnachd* fund is open for applications up to 12 June, 2009.

Rosemary Ward added: “The Bòrd was delighted with the initial success of Taic Freumhan Coimhearsnachd last year. A large number of very interesting projects secured funding when the support was first offered last year and the Bòrd has committed assistance for these projects for up to three years. Supporting work in communities is crucial if Gaelic is to

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



continue to develop and the number of speakers is going to grow over coming years. Projects in communities can often make a big difference between the language being used or not, and this scheme has been put in place to encourage communities to plan and support innovative projects that impact positively on Gaelic in their local areas.”

Further information and application forms for *Taic Freumhan Coimhearsnachd* are available by contacting Bòrd na Gàidhlig on 01463 225454, or email [tabhartas@bng.org.uk](mailto:tabhartas@bng.org.uk) or on the Bòrd na Gàidhlig website at <http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk/freumhan.html>

**For further information on this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.**